

mu dheidhinn ...

Seillean mòr buidhe



# Seillein-mhòra

Seillean-meala



Tha dath brèagha air seillein-mhòra agus tha iad mòr, molach!  
Chan eil iad mar na seillein-mheala a tha nas lugha, nas ruaidhe is nas molaiche.

Seillean-mòr



## AN SEILLEAN-MÒR A' SGÈITH

Tha sgiathan seillein-mhòra a' crathadh 200 uair gach diog. Sgèithidh iad aig còrr is 20 cil san uair. Nas luaithe na ruitheas a' mhòr-chuid againne.

Bidh na sgiathan aca a' dèanamh fuaim. Cha bhi na sgiathan a' dol suas is sìos. Faic an dealbh gu h-ìosal. Dè thachair dha na sgiathan an seo?

## DÌTHEANAN IS SEILLEAN-MHÒRA

Feumaidh dìtheanan seillein-mhòra. Tha poilean a' laighe air seillean-mòr nuair a laigheas e air dìthean. Nuair a thèid e air dìthean eile a tha coltach ris, thèid cuid dhen poilean air a' phàirt dhen dìthean a nì sìol. Tha am poileanadh seo a' toirt air dìtheanan sìol a dhèanamh airson na h-ath bhliadhna. Feumaidh dìtheanan sa ghàrradh seo agus cuideachd bàrr mar ponair-shreathach, subhan-craobhe is lus-ola.



Tha diofar dhathan air diofar sheillein-mhòra. Am faic thu diofar sna dealbhan air an duilleig seo?

## SEILLEAN-MHÒRA IS DÌTHEANAN

Bidh seillein-mhòra ag ithe poilean agus ag òl neactar bho dhìtheanan. Bidh iad a' toirt neactar is poilean dha na nid aca gu na seillein òga.

Bidh iad a' giùlan neactar sna stamagan meala. Bidh iad a' cìreadh a' phoilean far an cuirp agus ga giùlan ann am basgaidean poilean air an casan deiridh. Bheir iad leotha leth an cuideim fhèin de phoilean is neactar agus fhathast thèid aca air sgèith!

# Seillein-mhòra

## SEILLEIN-MHEALA AGUS SEILLEIN-MHÒRA

Bidh sgaothan sheillein-mheala san aon bheachair bliadhna an dèidh bliadhna. Stòraidh iad tòrr meala airson gum bi iad beò fad a' gheamhraidh.

Chan eil na seillein-mhòra an aon rud idir! Bha bhi beò fad a' gheamhraidh ach an seillean-boireann, a bhios a' cadal ann an toll san talamh. As t-earrach togaidh e nead ùr ann am bad feòir no annan seann toll-choinein agus tòisichidh sgaoth ùr.

## GATHAN !!

(chan àbhaist gun cuir seillein gath annad – nas lugha na leònas tu fhèin IADSAN!)

## SEILLEIN-MHÒRA

'S ann dìreach aig an fheadhainn bhoireann a tha gathan

Thèid aca air an gath a thoirt à nàmhaid

Thèid aca air gath a chur barrachd air aon turas

## SEILLEIN-MHEALA

'S ann dìreach aig an fheadhainn bhoireann a tha gathan

Cha tèid aca air an gath a thoirt a-mach

Bidh iad a' bàsachadh an dèidh gath a chur dhan nàmhaid

Tha iad nas dualtaiche gath a chur annad na tha seillean-mòr, ach 's ann glè ainneamh a nì iad e!

## BLÀTHACHADH

Feumaidh biastagan a bhith blàth oir cha chrath na sgiathan aca luath gu leòr ma tha iad fuar. Tha seillein-mhòra nas mollaiche na seillein-mheala. Tha sin gan cumail nas blàithe na seillein-mheala air latha fuar. Uaireannan chì thu seillean-mòr slaodach, cadalach air dìthean tràth sa mhadainn no anmoch air an oidhche. Sin seillean air an do rug sìde fuar no fhliuch agus nach b' urrainn sgèith dhachaigh. Nuair a thig a' ghrian agus a dh'fhàsas iad blàth, sgèithidh iad air falbh.

Tòrr dhìtheanan le neactar – àite math dhan t-seillean-mhòr thearc bhuidhe



## CÒ BHIOS A' GOID NA MEALA?

Ged nach eil na seillein-mhòra a' stòradh ach rud beag meala dha na seillein òga, gu math nas lugha na than a seillein-mheala, fhathast bidh bruic agus taghain a' creach nan neadan aca.

Nuair a chleachd daoine a bhith a' buain an fheòir le speal, bhiodh iad glè thric a' coimhead airson nead sheillean am measg an fheòir agus ag ithe na cìr-mheala. Nuair a bheireadh na seillean ionnsaigh orra, bha leisgeul aca sgur dhen obair chruaidh airson greis!




## SEALL AIR CÙL A' PHOSTAIR

An sin tha: Obair a-muigh  
Tuilleadh fiosrachaidh mu sheillean

## DRAMA agus CEÒL

- Cuir a' chlann ann an trì buidhnean, seillein-mheala, dìtheanan agus luchd-cumail sheillean
- Faodaidh **"Na Seillein-mheala"** rudeigin buidhe a chur orra agus pàipear dubh a chur mun meadhan
- Faodaidh **"Na Dìtheanan"** dìtheanan mòra pàipeir a chean gal air bann de chairt mun cinn
- Faodaidh **"Luchd-cumail Sheillean"** pìosan cùrteir lis a chur air an cinn is miotagan de bhogsaichean cairt a' ri ochdachadh "bheachairean."
- **Gluasad** - Seillein-mheala agus dìtheanan - a' cleachdadh ceòl le Rimsky-Korsakov, "Flight of the Bumblebee" ma tha e ri làimh no faodaidh a' chlann fuaimean iomchaidh a dhèanamh a rèir 's dè a' bhuidheann sa bheil iad, fhad 's a tha an "luchd-cumail sheillean" a' cruinneachadh mil le na "seillein-mheala" a' dranndan tim cheall orra.



## SGRÌOBHADH

Ann am buidhnean sgrìobhaidh a' chlann dàn acrostaig airson SEILLEAN-MEALA no SEILLEAN-MÒR. Bruidhinn ris a' chlas gu lèir an toiseach mu fhaclan a dh'fhaodadh iad a chleachdadh airson gach litir. Faodaidh dealbh a chur ris an dàn.



## MÌREAN-MEASGAICHTE

Dèan fotocopaidh le dath dhen phostair

Glaodh e air a' chairt

Geàrr na phìosan mòra

Cuiridh a' chlann na mìrean ri chèile leis a' phostair gan cuideachadh


## EALAN

Dèan seillein pom-pom le snàth dubh is buidhe

Dèan dìtheanan pàipeir a' sealltainn dhìtheanan air bioran

Cuir na dìtheanan air na bioran ann am bogsa-vinneig le gainmheach ann

Croch na seillein air 2 chrochadair meatailt os cionn nan dìtheanan



Seo dàn acrostaig

## SEILLEAN

S ssss - an cuala tu seillean?

Easgaidh gu obair

Is sgèithidh e


Luath, luath

Le sgiathan a' dol suas is sìos

Eadar na dìtheanan

Agus e trang ag òl

Neactar bho na dìtheanan



Faodar an dealbh seo a chopagaidh is a mheudachadh agus dath a chur oirre

## PÀIRTEAN SEILLEIN

Copaig is meudaich dealbh an t-seillein-mhòir. Iarr air a' chloinn bileagan a chur air le na faclan seo bho chairt:

sgiath

cas

calg

basgaid poilean

iadhaire

sùil

teanga

corp mollach

srianag

## A' BLASAD AIR MIL AGUS EÒLAICHE-SHEILLEAN A' TADHAL

Èist ri fuaim bho bheachair aig [www.greentreks.org](http://www.greentreks.org) (an uair sin cliog air foghlam; goireasan; nàdar; sgaoth; a' mhil; cluinn an sgaoth)

Seall cìr-mheala dhan chloinn

Dèan seisean a' blasad air mil

- dèan cinnteach an toiseach nach dèan mil cron air duine agus faigh bileagan cead.

Cuir fios gu: [www.scottishbeekeepers.org.uk/contacts/html/local](http://www.scottishbeekeepers.org.uk/contacts/html/local) agus cuir air dòigh eòlaiche-sheillean airson tadhal. Dh'fhaodadh e dealbhan a thoirt a-steach de sheillean is de bheachairean, agus an uidheamachd airson mil a dhèanamh.

Seall dhaibh rudan eile air an dèanamh bho mhil me cèir-seillean, coinnlean, bàrr/gràinneanan silidh ròghail

### AIRSON TUILLEADH FIOSRACHAIDH IS ÌOMHAIGHEAN

[www.scottishbeekeepers.org.uk](http://www.scottishbeekeepers.org.uk)

[www.snh.org.uk/scottish/species/invertebrates/bombus.asp](http://www.snh.org.uk/scottish/species/invertebrates/bombus.asp)

[www.bumblebeeconservationtrust.co.uk](http://www.bumblebeeconservationtrust.co.uk)

[www.ukbap.org.uk/UKPlans](http://www.ukbap.org.uk/UKPlans)

[www.rspb.org.uk/ourwork/conservation/biodiversity/keyspecies/invertebrates/bumblebee/about.asp](http://www.rspb.org.uk/ourwork/conservation/biodiversity/keyspecies/invertebrates/bumblebee/about.asp)

[www.snh.org.uk/speciesactionframework](http://www.snh.org.uk/speciesactionframework)

[www.arkive.org/species/ARK/invertebrates\\_terrestrial\\_and\\_freshwater/Apis\\_mellifera](http://www.arkive.org/species/ARK/invertebrates_terrestrial_and_freshwater/Apis_mellifera)

Buidheachas: Sgrìobhte le Liz Balharry is Pat Thornton,

The Educational Resource Partnership, Inbhir Nis. [www.educationalresourcepartnership.co.uk](http://www.educationalresourcepartnership.co.uk)

Dealbhan le Merrill MacWilliam is John Tasker

Dealbhan-camara le Laurie Campbell, N A Callow/NHPA, Steve Hopkin/ardea.com, Alastair Shay/OSF agus Lorne Gill/SNH

Mòran taing cuideachd dhan fheadhainn a chuidich le leasachadh na duilleig seo, gu h-àraidh Murchadh Dòmhnallach, Iain Crossley, na tidsearan a bha an lùib a' phròiseact seo, Seirbheis Luchd-raoin Chomhairle na Gàidhealtachd agus eòlaichean SNH.

## DÈ AN DIOFAR?

Leugh am fiosrachadh air duilleag 2 dhan chloinn (no thoir dhaibh lethbhreacan a leughas iad). Faic an cuimhnichean iad no an lorg iad co-dhiù sia rudan eadar-dhealaichte eadar SEILLEAN-MÒR is SEILLEAN-MEALA.

### Freagairtean gu "DÈ AN DIOFAR"

(Tha seillean-mhòra nas molaiche na seillean-mheala; sgeithidh seillean-mhòra ri sìde nas fhuaire na seillean-mheala; cuiridh seillean-mhòra garth seillean-mheala; barrachd air aon turas; chan eil seillean-mhòra a' sìoradh uiread de mhil; 's e dìreach an seillean boireann a bhios beò fad a' gh'eamhradh).



Tha postair a' dol leis an duilleig seo agus tha duilleagan is postairean eile ann a tha a' dol leis an t-sreath 'Mu dheidhinn'.

Luchdaich a-nuas am postair bho [www.snh.org.uk/pdfs/education/poster/p-bee.pdf](http://www.snh.org.uk/pdfs/education/poster/p-bee.pdf) no cuir fios gu SNH, Battleby, Redgorton, Peairt, PH1 3EW